


Seilchean uilebheist na mara



An teacs a Narinder Dhami
Na dealbhan Jeffrey Reid
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Fada, fada shìos fon mhuir
bha rìoghachd sheunta.
An sin bha Seilchean,
uilebheist na mara, a' fuireach.






Aon latha bha Seilchean uabhasach crosta.

“Tha an t-acras orm.

Tha mi ag iarraidh biadh sa **MHIONAID!**”
dh’èigh e.



Thàinig Flòraidh, a' mhaighdean-mhara,
le muir-tèachd do Sheilchean, ach thuirt esan,
“Chan eil mi ag iarraidh muir-tèachd.
Tha mi ag iarraidh rudeigin blasta.”






Thàinig Bìdean, am partan, le feamainn
do Sheilchean, ach thuirt esan,
“Chan eil mi ag iarraidh feamainn.
Tha mi ag iarraidh rudeigin blasta.”





Choimhead Seilchean air Flòraidh agus Bìdean.
“Tha mi a’ faicinn rudeigin blasta,” thuirt e.
“Dè tha thu a’ faicinn?” dh’fhaighnich iad.
“SIBHSE!” thuirt Seilchean.





Dh'fheuch Seilchean ri Bìdean a ghlacadh,
ach chaidh Bìdean a-steach fo shlige.

“Na ith mise idir,” thuirt Bìdean.

Ach thuirt Seilchean, “Tha mise uabhasach
mòr agus ithidh mi an rud a thogras mi!”



An uair sin shnàmh Seilchean às dèidh Flòraidh.
Shnàmh Flòraidh air falbh gu luath
agus cha do ghlac e i.





Shnàmh Flòraidh gu lùchairt Rìgh
na Mara.

“An cuidich sibh sinn?” dh’fhaighnich i.

“Tha Seilchean, uilebheist na mara,
airson ar n-ithe.”





Shnàmh Rìgh na Mara air falbh le
a thri-mheurach seunta a choimhead
airson Seilchean.

“Sguir dhen sin san spot!” ars an Rìgh.
“Is mise Rìgh na Mara agus nì thu an rud
a dh’iarras mise.” Ach thuirt Seilchean,
“Tha mise uabhasach mòr
agus nì mi mar a thogras mi!”





Choimhead Seilchean air an Rìgh an uair sin.
“Nis tha mi a’ faicinn rudeigin
uabhasach blasta,” thuirt e.
“Dè?” ars an Rìgh.






“THUSA!” thuir Seilchean.

“Tha mi a’ dol gad ithe!”

“Seall!” dh’èigh Flòraidh agus Bìdean.

“Tha Seilchean a’ dol a dh’ithe
an Rìgh.”





Ach sa mhionaid a dh'fhosgail Seilchean
a bheul, shèid an Rìgh air an trì-mheurach
sheunta.

Rinn e Seilchean, uilebheist na mara,
na bheathach beag.



Bha Flòraidh agus Bidean a' gàireachdainn a-nis.

“Seall Seilchean,” thuirt iad. “Chan ith e sinn a-nis. Chan eil ann ach beathach beag.”

“Dèan mòr mi,” thuirt Seilchean ris an Rìgh.

“Cha toil leam a bhith beag.”

“Am bi thu còir?” dh'fhaighnich an Rìgh.

“Bithidh. Bidh mi uabhasach còir,” thuirt Seilchean.



Shèid an Rìgh air an trì-mheurach sheunta
a-rithist agus rinn e Seilchean na
uilebheist mara a-rithist.
Bha Seilchean toilichte.
“Tapadh leibh,” thuirt e.





“Nis tha mi a’ faicinn rudeigin blasta,”
arsa Seilchean.

“Dè?” dh’fhaighnich iad uile.

“Muir-tèachd agus feamainn!”
thuirt e.

